

Sgìrean Mara Fìor- ghlèidhte (HPMAan): Anailis freagairtean co-chomhairle

Geàrr-chunntas

Geàrr-iomradh

1. Bha gealltanais ann an [Aonta Taigh Bhòid](#) gun chomharraicheadh Ministearan na h-Alba co-dhiù 10% de chuantan na h-Alba mar Sgìrean Mara Fìor-ghlèidhte (HPMAan) ro 2026. Chaidh co-chomhairle phoblach a chumail eadar an Dùbhlachd 2022 agus an Giblean 2023 gus beachdan a shireadh air amasan agus adhbhar HPMAan, mar a bhiodh am moladh air a bhuileachadh, agus a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aige.
2. Bha còig dreachd sgrìobhainnean sa cho-chomhairle:
 - Mhìnich an [dreachd Frèam Poileasaidh HPMA](#) am mìneachadh agus na h-amasan airson HPMAan agus na bhiodh seo a' ciallachadh do dhiofar ghnìomhan a tha a' tachairt ann an uisgeachan na h-Alba.
 - Thug an [dreachd Stiùireadh airson a bhith a' Taghadh Làraichean](#) iomradh air a' phròiseas a chaidh a mholadh airson làraichean a bhiodh air an comharrachadh agus air an taghadh (san àm ri teachd) airson an ainmeachadh mar HPMAan ann an uisgeachan na h-Alba.
 - Bha [am Measadh Seasmhachd Tòiseachail](#) na mheasadh air na buaidhean tionalach (àrainneachd agus sòisio-eaconamach) aig poileasaidh nan HPMA, stèidhichte air an dreachd frèama poileasaidh agus stiùireadh airson a bhith a' taghadh làraichean.
 - Choilean [aithisg sgrìonaidh a bha na pàirt de Mheasadh Buaidh Choimhearsnachdan nan Eilean \(ICIA\)](#) a' chiad dà ìre de phròiseas reachdail Measadh Buaidh Choimhearsnachdan Eileanach le bhith a' comharrachadh chùisean a tha airidh air barrachd sgrùdaidh tro rannsachadh agus conaltradh le riochdairean eileanach.
 - Rinn [Measadh Buaidh Gnìomhachais is Riaghlaidh leth-phàirteach \(BRIA\)](#) measadh tùsail air na cosgaisean, buannachdan agus cunnartan a dh'fhaodadh a bhith an cois a bhith a' stèidheachadh HPMAan agus air a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aca air na roinnean poblach is prìobhaideach agus air an treas roinn.
3. Bha 19 ceistean anns a' cho-chomhairle – b' e ceistean dùinte (cuir cromag sa bhogsa) a bh' anns a' mhòr-chuid dhiubh le àite airson beachdan às an dèidh.

Mun luchd-freagairt is mu na freagairtean

4. Bha an anailis stèidhichte air **4,502** freagairtean. Bha seo a' gabhail a-steach **2,458 freagairtean susbainteach** (is e sin ri ràdh, freagairtean pearsanaichte) agus **2,044 freagairt iomairt standardach** (far an do chur an neach-freagairt an ainm aca ri teacsa a sgrìobh eagraiche iomairt) .
5. Fhuair freagairtean susbainteach bho 289 buidhnean agus 2,169 daoine fa leth. Bha na buidhnean a fhuair a' gabhail a-steach buidhnean iasgaich (53); buidhnean coimhearsnachd (52); buidhnean àrainneachd (33); buidhnean ann an roinnean chur-seachadan, turasachd agus cultair (32); buidhnean tuathanachas-uisge (30); buidhnean san roinn phoblach a' gabhail a-steach riaghladairean agus ùghdarrasan ionadail (21); buidhnean gnìomhachais/prìobhaideach (20); solaraichean lùtha (12); buidhnean reic is giollachd èisg (11); buidhnean loingeis, puirt agus calaidhean (9); agus buidhnean poilitigeach (7). Thàinig

freagairtean cuideachd bho beagan sheòrsaichean bhuidhnean eile (9) nach robh ann an gin de na roinnean eile.¹

6. Gu tric thuir luchd-freagairt fa-leth gun robh iad an sàs ann an roinnean iasgaich no tuathanas-uisge – mar shealbhadairean, cunnradairean no luchd-obrach – no mar bhuill teaghlach, nàbaidhean no caraidean dhaoine a bha an sàs san roinn seo. Gu tric thug luchd-freagairt fa leth iomradh air far an robh iad a’ fuireach – le mòran ag ràdh gu bheil iad a’ fuireach ann an coimhearsnachdan cladaich no eileanach agus a’ cur a-steach freagairt mar ‘bhall iomagaineach den choimhearsnachd’.

7. Thàinig na freagairtean iomairt standardach a fhuairleadh sa cho-chomhairle bho dhà iomairt eadar-dhealaichte. Bha 2,019 freagairtean ann bhon iomairt Scottish Environment LINK, agus 26 freagairtean bho iomairt a chaidh a chur air dòigh ann an Sealtainn.

Mun anailis agus mu na toraidhean

8. Dhearbh an ìre mhòr de fhreagairtean dhan cho-chomhairle seo gu bheil ìre àrd de dh’ùidh aig daoine anns a’ chuspair seo, agus gu bheil daoine deònach conaltradh le Riaghaltas na h-Alba. Bu chòir a thoirt fa-near, ge-tà, gun deach càineadh farsaing a dhèanamh air a’ phròiseas co-chomhairleachaidh agus air na sgrìobhainnean na chois, na ceistean co-chomhairleachaidh – a bha toinnte agus doirbh a thuigsinn do luchd-freagairt – agus an dòigh san deach beachdan a shireadh air na molaidhean. Chaidh na beachdan sin a chur an cèill sa mhòr-chuid le luchd-freagairt a bha an aghaidh nam molaidhean, ach cuideachd le cuid den fheadhainn a bha a’ cumail taic dhaibh.

9. Tha na dùbhlain a bha aig daoine fa leth, gu sònraichte, ann a bhith a’ freagairt nan ceistean, a’ ciallachadh gum bu chòir a bhith faiceallach ann a bhith a’ sgrùdadh nan toraidhean, gu h-àraidh a thaobh nan ceistean dùinte (ceistean cromag sa bhogsa). Air an adhbhar seo, tha mion-sgrùdadh air beachdan an luchd-freagairt (a chaidh a thoirt seachad mar fhreagairt do na ceistean fosgailte) gu sònraichte cudromach gus beachdan dhaoine a thuigsinn.

Cothromachadh beachdan air HPMAan

10. Chuir a h-uile duine a chuir a-steach freagairt iomairt agus a’ mhòr-chuid (còrr is 95%) den fheadhainn a chuir a-steach freagairt shusbainteach beachd soilleir an cèill an dara cuid airson, no an aghaidh, a bhith a’ toirt a-steach HPMAan mar a chaidh a mholadh le Riaghaltas na h-Alba. Bha dà phrìomh bhuidhinn ann:

- Chuir 55% den luchd-freagairt **taic ri** bhith a’ toirt a-steach HPMAan (thoir an aire gun do chuir a’ mhòr-chuid den luchd-fhreagairt sa bhuidhinn seo freagairtean iomairt Scottish Environment LINK a-steach)
- Bha 43% den luchd-freagairt **an aghaidh** a bhith a’ toirt a-steach HPMAan (thoir an aire gun do chuir cha mhòr a h-uile neach-freagairt sa bhuidhinn seo freagairt phearsantaichte a-steach dhan cho-chomhairle).

¹Thoir an aire gun deach an seòrsachadh 12-buidhne seo a dhèanamh nas simplidhe mar sheòrsachadh de 8 buidheann air adhbharan mion-sgrùdadh.

11. Bha beachdan **neo-phàirteach** aig an 2% a bha air fhàgail den luchd-freagairt – is e sin ri ràdh nach do chuir iad an cèill taic shoilleir airson, is nach do chuir iad an aghaidh, a bhith a' toirt a-steach HPMAan.

Frèama poileasaidh - amasan agus adhbhar (C1)

12. Rinn an fheadhainn a thug taic do HPMAan sin oir bha iad den bheachd gu bheil feum air gnìomh èiginneach gus àrainneachd na mara a dhìon, agus bha iad den bheachd gum biodh HPMAan èifeachdach ann a bhith a' leasachadh bith-iomadachd na mara. Ach, chuir a' bhuidheann seo grunn caveatan an cèill - gu tric co-cheangailte ris a' chomas aig seo droch bhuaidh a thoirt air coimhearsnachdan ionadail.

13. Thug an fheadhainn a bha an aghaidh HPMAan grunn adhbharan seachad airson am beachdan, a' gabhail a-steach (am measg eile): (i) dìth bunait saidheansail airson a bhith a' stèidheachadh HPMAan, (ii) nàdar aon-deònach agus neo-chothromach a' phoileasaidh a thathar a' moladh, agus gu sònraichte an targaid 10%, agus (iii) an comas gus droch bhuaidhean sòisio-eaconamach a thoirt air coimhearsnachdan eileanach agus cladaich.

14. Am measg bhuidhnean, bha na h-ìrean taic as treasa airson amasan agus adhbhar nan HPMAan aig buidhnean àrainneachd agus buidhnean ann an roinnean chur-seachadan, turasachd agus cultair. B' iad na buidhnean iasgaich, buidhnean reic is giollachd èisg; buidhnean coimhearsnachd; agus buidhnean tuathanas-uisge a bu mhotha a bha an aghaidh nam molaidhean.

Frèama poileasaidh - a' stiùireadh gnìomhan (C1-C7)

15. Bha sia ceistean a' sireadh beachdan air na molaidhean a bha air am mìneachadh anns an dreachd frèam poileasaidh airson raon de gnìomhan eadar-dhealaichte ann an HPMAan a riaghladh, agus air molaidhean airson cumhachdan ùra a thaobh HPMAan. Thoir an aire gun tuit luchd-freagairt uair is uair gun robh na ceistean sin doirbh a thuigsinn.

16. Dh'iarr a' cho-chomhairle air luchd-freagairt am beachdan a thoirt seachad air cho èifeachdach 's a bhiodh dòighean-obrach a chaidh a mholadh gus 16 gnìomhachdan sònraichte a stiùireadh taobh a-staigh HPMAan. Bha na h-ìrean taic na b' àirde co-cheangailte ris an dòigh-obrach a chaidh a mholadh airson a bhith a' stiùireadh 'loingeas agus aiseagan' agus a b' ìsle a thaobh a bhith a' stiùireadh 'iasgach de sheòrsa sam bith mar chur-seachad'. Bha na h-ìrean a b' àirde de dh'èasaonta mun dòigh-obrach a bhathar a' moladh a thaobh a bhith a' stiùireadh 'iasgach coimeirsealta' de sheòrsa sam bith, agus bha na ìrean a b' ìsle a thaobh a bhith a' stiùireadh 'glacadh, cleachdadh agus stòradh carboin'.

17. Cha robh mòran taic ann gus cumhachdan a bharrachd a bhith air an toirt seachad a thaobh HPMAan. Bha an ìre a bu lugha de thaic aig luchd-freagairt a thaobh cumhachdan gus gnìomhan a thoirmeasg bho àm comharrachaidh an HMPA – chuir 1 anns gach 5 luchd-freagairt taic ri seo. Bha an taic a b' àirde airson cumhachdan a bhith a' cur às do chuingealachaidhean re ùine nan robh *force majeure* ann - thug 2 anns gach 5 luchd-freagairt taic ri seo. Anns a h-uile suidheachadh, bha buidhnean na bu bhuailtiche taic a thoirt do bhuileachadh chumhachdan a bharrachd na daoine fa-leth. B' iad na buidhnean àrainneachd a bu dualtaiche taic a thoirt ri bhith a' toirt seachad cumhachdan a bharrachd, agus b' e buidhnean no comainn iasgaich, agus buidhnean gnìomhachais/prìobhaideach a bu dualtaiche a dhol an aghaidh seo.

A' taghadh làraichean (C8-C11)

18. Thuir an dreachd stiùireadh gus làraichean a thaghadh gum biodh comharrachadh làraichean HPMA stèidhichte air 'foincseanan agus goireasan a tha cudromach do chuan na h-Alba'. Chaidh seachd foincseanan agus goireasan a mholadh: (i) carbon gorm, (ii) àrainnean èisg ro-chudromach, (iii) neartachadh lionra Sgìrean Mara Dìonta na h-Alba, (iv) dìon bho stoirmean agus àrdachadh ìre na mara, (v) rannsachadh agus foghlam, (iv) tlachd, agus (vii) seirbheisean eag-shiostam cudromach eile. Bha a' cho-chomhairle a' sireadh bheachdan air na cuspairean seo.

19. Bha luchd-freagairt a bha airson a bhith a' toirt a-steach HPMAan nas dualtaiche a bhith a' comharrachadh 'carbon gorm', 'àrainnean èisg ro-chudromach' agus 'seirbheisean eag-shiostam eile' mar phrìomh amasan airson glèidhteachas mara. Bha beachdan bho luchd-freagairt a bha an aghaidh a bhith a' toirt a-steach HPMAan gu tric a' cuimseachadh air cùisean co-cheangailte ris na mìneachaidhean a chaidh a chleachdadh agus ri gainnead fianais air foincseanan agus goireasan fa leth. Bha cuid a' ceasnachadh no mì-chinnteach mu ìomchaidheachd nam foincseanan agus nan goireasan fa leth airson glèidhteachas mara no airson a bhith a' taghadh làraichean .

20. Thuir an stiùireadh gum biodh am pròiseas gus làraichean a thaghadh stèidhichte air ceithir prionnsapalan coitcheann: (i) cleachdadh bunait fianais làidir, (ii) sgèile an HPMA agus cleachdadh aonadan eag-shiostam gnìomhach, (iii) a' dèanamh cinnteach gu bheil luach a bharrachd ann, agus (iv) a' libhrigeadh ath-bheothachadh eag-shiostam. Bha an taic a b' àirde am measg luchd-freagairt airson a bhith 'a' cleachdadh bunait fianais làidir'.

21. Chaidh pròiseas còig ìrean a mholadh gus làraichean a thaghadh a' gabhail a-steach a bhith: (i) a' comharrachadh làraichean a dh'fhaodadh a bhith nan HPMA stèidhichte air foincseanan agus goireasan a tha cudromach do chuan na h-Alba, (ii) a' beachdachadh air mar a chuireas làraichean ri amasan coitcheann nan HPMAan, (iii) a' comharrachadh sgèile ìomchaidh na làraich a thathar a' moladh, (iv) ag ath-sgrùdadh cleachdadh làthaireach na làraich agus a' mìneachadh rèiteachaidhean riaghlaidh airson gnìomhan a tha ann mar-thà, agus (v) a' measadh nam buannachdan nas fharsainge a dh'fhaodadh a bhith an lùib a bhith a' comharrachadh na làraich mar HPMA. Thuir aonach a-mach às gach sianar luchd-freagairt gun robh iad a' toirt taic dhan phròiseas còig ìrean, ged a bha beachdan eadar-dhealaichte eadar diofar sheòrsaichean luchd-freagairt agus seòrsaichean bhuidhnean. Bha an taic a bu mhotha aig buidhnean àrainneachd, agus bha buidhnean co-cheangailte ri iasgach cha mhòr gu h-aona-ghuthach na aghaidh.

22. A thaobh a h-uile ceist mun stiùireadh airson a bhith a' taghadh làraichean, bha grunn chuspairean a nochd uair is uair - an dà chuid am measg an fheadhainn a bha airson agus an aghaidh HPMAan - co-cheangailte ri cho cudromach 's a tha fianais làidir, draghan mu na clàran-ama airson a bhith a' comharrachadh HPMAan, cho cudromach 's a tha conaltradh le coimhearsnachd agus luchd-ùidh, agus am feum gus aire a thoirt air fhactaran sòisio-eaconamach a bharrachd air cùisean àrainneachdail.

Buidhean (C12-C18)

23. Bha an ìre de thaic dhan bheachd gu bheil na diofar measaidhean buaidh a rinneadh a thaobh a bhith a' toirt a-steach HPMAan ceart agus cothromach eadar 9% (airson Measadh

Buaidh Gnothachais is Riaghlaidh leth-phàirteach) gu 16% (airson aithisg sgrionaidh leth-pàirteach airson Measadh Buaidh air Coimhearsnachdan Eileanach).

24. Bha cuid den luchd-freagairt riarachta leis na measaidhean buaidh a chaidh a thaisbeanadh ach dh'aithnich iad gun robh barrachd obrach ri dhèanamh. Ach, bha mòr-chuid mhòr den luchd-fhreagairt – a' gabhail a-steach daoine fa leth, agus buidhnean de gach seòrsa – a' càineadh nam measaidhean buaidh sin.

25. B' e na prìomh chàinidhean a rinneadh mu na measaidhean buaidh fa leth gun robh iad air cùisean cudromach fhàgail às no nach robh iad a' coimhead orra gu leòr; gun robh iad neo-shoilleir no gun robh dìth mion-fhiosrachaidh ann; nach robh iad a' tuigsinn cho mòr 's a bha na droch bhuidhean a dh'fhaodadh a bhith aig HPMAan; nach deach an cruthachadh ann an co-chomhairle ri coimhearsnachdan cladaich is eileanach; agus nach robh iad buntainneach, leis nach deach làraichean fa leth a thaghadh fhathast.

26. Chomharraich luchd-freagairt raon farsaing de bhuidhean a dh'fhaodadh a bhith aig na HPMAan, a' gabhail a-steach cùisean co-cheangailte ri cosnadh, beairteas, crìonadh-sluaigh, bun-structar, slàinte-inntinn agus sunnd, dualchas cultarach agus dàimh choimhearsnachdan ris na cuantan, agus co-leanailteachd coimhearsnachd. Bhathar tric ag ràdh gum biodh na buaidhean sin 'sgriosail'.

Beachdan eile agus dòighean obrach eile (C19)

27. Gu tric mhol luchd-freagairt dòighean-obrach a bharrachd, a bhiodh co-phàirteach ri agus/no an àite HPMAan a thaobh glèidhteachas mara na h-Alba. Chaidh molaidhean a chur air adhart an dà chuid leis an fheadhainn a bha an aghaidh agus leis an fheadhainn a bha airson HPMAan.

28. Dh'iarr an dà bhuidhinn uair is uair dòigh-obrach ro-innleachdail, stèidhichte air fianais, agus cuantan na h-Alba a ghlèidheadh agus a dhìon. Thuirt iad gum biodh seo air a libhrigeadh na b' fheàrr tro phlana/frèam stiùireadh mara spàsail co-òrdanaichte, coileanta agus ciallach.

29. Chuir an dà bhuidhinn cuideam air cho cudromach 's a tha na leanas: (i) co-obrachadh agus obair com-pàirteachais le coimhearsnachdan ionadail agus luchd-ùidh ann a bhith a' cruthachadh dòighean-obrach 'on bhonn suas' a thaobh riaghladh mara agus àrainneachd, (ii) a' togail air eòlas agus luachan dhaoine ionadail a tha a' fuireach agus ag obair leis a' mhuir, agus a' toirt spèis do sheasmhachd ionadail, cleachdaidhean iasgaich, agus (iii) barrachd beachdachaidh air buaidhean sòisio-eaconamach a bharrachd air buaidhean àrainneachdail.



© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2024

OGL

Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosgailte v3.0 ach a-mhàin far a bheil an caochladh air a ràdh. Gus an cead seo fhaicinn rach gu nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3 no sgrìobh gu Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuir post-d gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk.

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha an sgrìobhainn seo ri faighinn aig www.gov.scot

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig

Riaghaltas na h-Alba
Taigh Naomh Anndrais
Dùn Èideann
EH1 3DG

ISBN: 978-1-83521-473-2 (air-loidhne a-mhàin)

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, An Gearran 2024.

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA
PPDAS1355242 (10/23)

W W W . G O V . S C O T